



Tìotal: Casg-breith

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>A' cleachdadh na dh'ionnsaich mi, 's urrainn dhomh co-dhùnaidhean is roghainnean fiosraichte a dhèanamh a tha ag adhartachadh is a' dìon mo shlàinte is mo shunnd ghnèitheasach fhìn agus dhaoine eile. HWB 4-47b</p> <p>Tha fios agam mar a làimhsicheas mi suidheachaidhean a thaobh mo shlàinte 's mo shunnd ghnèitheaich agus tha mi ag ionnsachadh a bhith a' tuigsinn dè th' ann an giùlan ghnèitheasach iomchaidh. HWB 4-49a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a' gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a' gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 4-48a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' tuigsinn nan còraichean agus nan dleastanasan a dh'fheumar airson feise shàbhailte agus thlachdmhor. • A' mìneachadh mar a gheibhear fiosrachadh, stiùireadh agus cuideachadh gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Amasan ionnsachaidh

- Gum bi fios aig daoine' òga gu bheil seirbheisean casg-bhreith rim faighinn.
- Gum bi fios aig daoine' òga gu bheil seirbheisean slàinte feiseil dìomhair.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na bhios a' tachairt an lùib seirbheisean casg-bhreith/ a' toirt leatromas gu crìch.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil ùine cudromach nuair a thathas a' dèiligeadh ris na taghaidhean a th' aig boireannaich a tha trom le pàiste.
- Tha mi a' tuigsinn agus 's urrainn bruidhinn mum chòir air dìomhaireachd a thaobh libhrigeadh sheirbheisean slàinte feiseil.

Goireasan-taic

- Film: *Let's Talk about Abortion* <https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/abortion-lets-talk-about-it> (faid 3 mion. 40) Tha duilleag fiosrachaidh ann cuideachd do dhaoine' òga.

Nòta: Buaidh Covid-19: Air sgàth a' phandemic 's dòcha gum bi cuid de sheirbheisean air atharrachadh. Gheibh sibh seo a-mach nuair a rannsaicheas sibh seirbheisean ionadail airson an leasain seo. Mar eisimpleir 's dòcha gum bi cuid de sheirbheisean air an tairgsinn air a' fòn no bhidio an toiseach, Tha e

cudromach misneachd a thoirt dha na daoine òga nach eil e gu diofar dè na h-atharrachaidhean a th' air a bhith ann gum faigh iad fhathast na tha a dhìth orra agus gu bheil na seirbheisean gu lèir dìomhair.

Obair

Tha a' mhòr-chuid dhe na leasanan againn an seo air an dealbhadh airson seisean de 50 mionaid a dh'fhaid. 'S dòcha nach toir am fiosrachadh agus an leasan agus an obair cho fada ri 50 mionaid (tha seo a rèir na tha na daoine' òga a' cur seachad de dh'ùine a' còmhradh) 's mar sin dh'fhaoite gum bi e na phàirt de leasan air topaigean eile, no far a bheil tuilleadh ùine a dhìth air a chleachdadh airson leudachadh a dhèanamh air ionnsachadh eile mar phàirt den phrògram RSHP.

Tha an seisean seo air a dhealbhadh gus fiosrachadh ceart a thoirt seachad mu sheirbheisean agus taic a tha rim faighinn a thaobh casg-breith/crìochnachadh leatromachd. Faodaidh faireachdainnean làidir a bhith aig daoine mun chuspair seo. Feumaidh sinn cuimhneachadh cuideachd gur dòcha gum bi daoine òga no luchd-foghlaim a' libhrigeadh an t-seisein seo aig a bheil eòlas pearsanta air crìoch a chur air leatromachd - tha e cudromach dèanamh cinnteach nach bi neach a' faireachdainn gu bheil a' dèanamh breithneachadh orra no gu bheil teansa ann gum bi dìomhaireachd ga bhriseadh. Thathas a' moladh seo a thaisbeanadh mar sheisean fiosrachaidh. Far a bheil deasbad ann, thathar an dùil gum brosnach seo co-fhaireachdainn do bhoireannaich a tha ann an suidheachadh far am feumar co-dhùnidhean a dhèanamh mu chrìoch a chur air leatromachd.

1. An toiseach, thoir a-steach an cuspair le bhith ag innse gur e seisean a th' ann sam bi fiosrachadh mu chasg-breith. Cleachd an slaighd:

Dè th' ann an casg-breith?

Tha casg-breith no *abortion* a' ciallachadh gu bheil leatromas ga stad airson 's nach bi pàiste air a bhreith. Uaireannan canar crìochnachadh leatromas ris no *termination*.

2. Mar neach-libhrigidh/neach-foghlaim, aidich gum faod beachdan làidir a bhith aig daoine mu chasg-breith, na tha ceart no ceàrr mu thimcheall, agus gu bheil thu a' tuigsinn sin – ach gur e amas an leasain seo fiosrachadh a thoirt do dhaoine' òga a bheir cothrom dhaibh na co-dhùnidhean aca fhèin a ruighinn ma bhios iad gu bràth ann an suidheachadh far a bheil iadsan no an cèile a' smaoinichadh mu chasg-breith. Cuideachd aidich nach e cùis shìmplidh a tha seo.
3. Cleachd an slaighd airson a shealltainn gu bheil taghaidhean aig boireannach a dh'fhàsas trom le pàiste/slaighd:

Nuair a dh'fhàsas boireannach trom le pàiste tha 3 taghaidhean aice:

- Leantainn oirre leis an leatromachd agus a bhith na pàrant.
 - Leantainn oirre leis an leatromachd agus uchd-mhacachadh (adoption) no daltachadh (fostering) a chur air dòigh.
 - Leatromachd a thoirt gu crìch le casg-breith.
4. Iarr air na daoine' òga meòrachadh air na suidheachaidhean a bhios a' toirt buaidh air na co-dhùnidhean sin, a' cleachdadh an slaighd. Mar an neach-foghlaim, bidh thu eòlach air a' bhuidheann 's mar sin a' cur romhad co-dhiù a bu chòir dha na puingean deasbaid a làimhseachadh mar aon bhuidheann, no an gabh an dèanamh ann am buidhnean beaga le fios air ais:

Deasbad: Dè na seòrsaichean shuidheachaidhean anns am faodadh boireannach a bhith far am biodh i a' meòrachadh air na taghaidhean seo? Smaoinichibh mun deidhinn fear mu seach.

- 5. Coimheadaibh am film goirid: Let's talk about abortion.** A-nis agus sibh air smaoineachadh air a' chuspair chun na h-ìre seo, inns gun deach film goirid a dhèanamh a tha a' mìneachadh na bhios a' tachairt nuair a thèid neach òg gu seirbheis slàinte feiseil far am faigh iad cothrom bruidhinn mu chasg-breith no far am faod iad casg-breith iarraidh.

Let's Talk about Abortion: <https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/abortion-lets-talk-about-it> (faid 3 mion. 40) 'S dòcha gum bi ceistean aig na daoine òga, 's dòcha gum bi feadhainn aca air am freagairt nas fhaide air adhart san leasain.

- 6. Dè am fiosrachadh a th' againn mu chasg-breith ann an Alba?** Seall an ath 3 shlaighdean, iarr beachdan no ceistean sam bith.

- Tha leatromachd gun phlanadh gu math cumanta; tha timcheall air leth de leatromachdan a' tachairt gun phlanadh.
- Ann an 1 à 5 leatromachdan gun phlanadh, taghaidh boireannach casg-breith.
- Tha casg-breith air a bhith aig 1 às gach 3 bhoireannach san RA aig àm air choreigin nam beatha.
- Chan e rud furasta a th' ann co-dhùnadh casg-breith a bhith agad agus faodaidh e a bhith na àm fìor dhoirbh dhaibhsan a tha an sàs ann; faodaidh e bhith na chuideachadh bruidhinn mu dheidhinn ri neach proifeiseanta eòlach.
- Ann an Alba, tha an lagh ag ràdh gum faod boireannach casg-breith fhaighinn suas gu 24 seachdainean de leatromachd.
- Às dèidh 24 seachdainean, chan fhaighear casg-bhreith ach ann an suidheachaidhean sònraichte, mar eisimpleir ma tha beatha boireannaich ann an cunnart.
- Bidh a' mhòr-chuid de chasgaidhean-breith a' tachairt glè thràth san leatromachd (anns a' chiad bheagan sheachdainean).

- 7. Dè an turas a th' aig casg-breith ri fireannaich òga?** Cleachd a' chiad shlaighd leis a' cheist airson deasbad a bhrosnachadh, 's dòcha gum bi seo air tachairt mar-thà co-cheangailte ri puingeann a thogadh na bu tràithe. An uair sin an ath shlaighd (puingeann fiosrachaidh) airson cùisean a sgrùdadh/ meòrachadh air co-dhiù a thog na daoine òga na puingeann seo. (faic an NÒTA aig deireadh a' phlana – tha còir gun cuidich sin thu a' deasachadh airson nan còmhraidhean sin).

Dè an turas a th' aig casg-breith ri fireannaich òga?

- Ma tha am boireannach òg ann an dàimh còmhla ri fear òg, bidh buaidh aig a' cho-dhùnadh mu dheidhinn casg-breith air an dithis aca. 'S ann aig a' bhoireannach a tha a' chòir an co-dhùnadh deireannach a dhèanamh mu bhith a' faighinn casg-breith.
- 'S dòcha gum biodh am fear òg airson smaoineachadh air dè bhiodh e a' ciallachadh dha fhèin agus dha bheatha a bhith na athair òg.
- Ma dh'fhaodas leatromas gun phlanadh tachairt a dh'fhaodas crìochnachadh le casg-breith, dh'fhaodadh sin cuideachadh a thoirt do fhir òga smaoineachadh mu bhith a' cleachdadh chondoman agus a' toirt taic do chèile gus casg-gin a chleachdadh.
- 'S dòcha gum biodh fear òg airson bruidhinn mu na tha e a' faireachdainn.
- 'S dòcha nach eil fear òg ag aontachadh ri chèile agus gum feum e bruidhinn mun sin.

- 8. Ciamar a bheirinn taic do charaid?** A-nis agus iad air smaoineachadh mu chuid de na suidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith an lùib co-dhùnadh leatromachd a thoirt gu crìch, iarr air

na daoine oga beachdachadh air an seo agus na beachdan aca air a' cheist innse. Mus tòisich sibh, cuir an cuimhne a' chlas/a' bhuidheann cho toinnte agus duilich 's a dh'fhaodas na suidheachaidhean agus na taghaidhean a bhith.

9. **Fiosrachadh cudromach.** Tha na 5 shlaighdean seo a' sealltainn nam puingeann a bhiosar a' daingneachadh san fhilm, brosnachadh còmhraidh agus dèan cinnteach à tuigse mar a tha sibh a' dol air adhart. Cuideachd, *crìochnaich le bhith a' sgaoileadh fiosrachadh mu na seirbheisean slàinte feiseil ionadail do dhaoin' òga san sgìre agaibh.*

Tha ùine glè chudromach	Mar as luaithe a thèid thu gu clionaig slàinte feiseil no chun an dotair gus daingneachadh gu bheil thu trom agus gus bruidhinn mu na taghaidhean agad 's ann as fheàrr.
Ma thu a' beachdachadh air casg-breith, dè bhios a' tachairt nuair a thèid thu air a shon?	Mairidh an seisean seo airson suas ri 3 uairean aig a' char as fhaide. Bidh ùine ann bruidhinn mun cho-dhùnadh agad casg-breith fhaighinn. Bidh sgan <i>ultrasound</i> agad gus an ìre leatromais (ann an seachdainean) a dhearbhadh. Bidh fèin-dheuchainnean ann airson STIan agus deuchainnean fala a' gabhail a-steach HIV agus sifilis. Ma tha thu airson a dhol air adhart, tha foirmichean cead rin soidhnigeadh. Bruidhnidh sibh mu na seòrsaichean casg-gin a tha rim faighinn airson an àm ri teachd. Gheibh thu ceann-latha airson a' chasg-breith.
Tha 2 dhiofar seòrsa casg-bhreith ann.	Tha seòrsa meidigeach agus fo lannsa ann. Canar casg-breith meadaigeach tràth ris a' mhòr chuid de chasgaidhean-breith. Tha seo a' ciallachadh pileachan a ghabhail gus leatromas a chrìochnachadh. Bidh casg-breith fo lannsa agus casg-breith meadaigeach nas anmoiche a' tachairt ann an ospadal. Bhiodh boireannach na cadal airson casg-breith fo lannsa far am bi an dotair a' toirt air falbh na th' anns a' mhachlaig.
Ma tha thu fo aois 16	Ma that thu fo aois 16, bìdh agad ri dhol a-steach dhan ospadal an-còmhnaidh agus feumaidh inbheach earbsach do thoirt dhachaigh. Tha seo fìor ge bith dè an ìre de leatromachas aig a bheil thu (seachdainean).
Dìomhaireachd	Cuimhnich gu bheil na seirbheisean gu lèir, a' gabhail a-steach casg-breith, dìomhair.
Ma tha thu airson bruidhinn mu ghin dhe na cùisean seo	CUIR FIOSRACHADH IONADAIL A-STEACH AN SEO Gheibh daoine òga dhen aois agaibhse deagh chomhairle cuideachd bho Childline air fòn no air-loidhne.

NÒTA: Casg-breith agus balaich 's fir òga

Thàinig am fiosrachadh seo bhon bhuidheann nàiseanta Brook:

Tha foghlam casg-gin a cheart cho iomchaidh do fhir òga 's a tha e do bhoireannaich òga. Ged a tha an co-dhùnadh crìoch a chur air leatromas aig a' bhoireannach aig a' cheann thall, airson càraid ann an dàimh, bheir co-dhùnadh mu leatromas buaidh air an dithis aca. Tha e cudromach mar sin gum bi an aon chothrom aig fir òga beachdachadh air mar a dh'fhaodadh leatromas gun phlanadh agus casg-breith buaidh a thoirt orra. Le bhith a' toirt cothrom do dh'fhir òga beachdachadh air an seo, cuidichidh e iad a'

smaoineachadh barrachd mu na còraichean agus na dleastanasan aca ann an dàimh fheiseil, agus a' brosnachadh cleachdadh chondoman gu ceart agus gu cunbhalach gus leatromas gun dùil a sheachnadh. Ma tha duine òg ann an suidheachadh leatromas gun phlanadh còmhla ri cèile, tha e cudromach gum bi fios aige cò ris a bhruidhneas e agus càit an tèid e airson cuideachadh agus taic, a bharrachd air a bhith comasach air a chèile a stiùireadh gu buidhnean iomchaidh. Tha seo gu h-àraidh cudromach nuair nach eil càraid ag aontachadh dè bu chòir tachairt ann an suidheachadh leatromachd gun phlanadh, rud a dh'fhaodadh a bhith gu math duilich do dh'fhear òg. Tha fiosrachadh mu sheirbheisean fhìreannaich òga na phàirt chudromach de fhoghlam casg-gin.

Stuthan a bharrachd

Tadhail air làrach-lìn an National Improvement Hub: <https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/abortion-lets-talk-about-it>

Ceangal ris an dachaigh

Mar phàirt den ionnsachadh againn mu dhàimhean, thathas a' toirt fiosrachadh do dhaoine òga mu shlàinte feiseil agus pàrantachd (RSHP) mu sheirbheisean casg-gin, ris an canar uaireannan seirbheisean crìochnachaidh leatromachd. Tha am fiosrachadh seo na chunntas sìmplidh air na th' ann an casg-breith agus càit am faighear taic agus comhairle mheadaigeach. Gheibh thu barrachd a-mach mu chasg-breith/crìoch air leatromachd bhon Bhòrd Slàinte ionadail agad. Thèid air-loidhne agus rannsaich ainm a' bhùird-slàinte agad agus na chois slàinte feise no crìoch air leatromachd. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu sgrùdadh a dhèanamh air *slàinte feise SNS na Gàidhealtachd* no *SNS Lodainn crìochnachadh leatromachd*. Tha an NHS air duilleag-lìn le fiosrachadh agus film goirid a dhèanamh gus cunntas a thoirt air na seirbheisean sin, thèid gu *Let's Talk about Abortion*: <https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/abortion-lets-talk-about-it>

Nòtaichean Tidseir

